




Am Madadh-allaidh agus na Minn



Air ath-innse le James Riordan • Dealbhan Korcky Paul

Am
Madadh-allaidh
agus na **Minn**




Air ath-innse le James Riordan
Dealbhan Korky Paul
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud thuir Mamaidh Gobhar
ri a trì minn,
“Tha mise a’ falbh dhan bhùth.
Cumaibh a’ ghlas air an doras,
no ithidh am madadh-allaidh sibh.”



Dh’fhalbh Mamaidh Gobhar.
Ach thàinig am madadh-allaidh mòr.
“Fosglaibh an doras dhomh,” ars esan.
“Is mise Mamaidh.”



Choimhead na minn fon doras.
Chunnaic iad na casan mòra dubha aige.
“Cha tu Mamaidh,” thuirt iad.
“Chan eil casan Mamaidh dubh.”



Ruith am madadh-allaidh dhan mhuileann.
Chuir e flùr air a chasan.



“Nis thèid mi gu taigh nam meann,”
ars esan.

Gnog! Gnog! Ghnog e an doras.

“Fosglaidh an doras,”

dh’èigh am

madadh-allaidh.

“Is mise Mamaidh.”



Choimhead na minn fon doras.

Chunnaic iad a chasan geala.

’S e Mamaidh a th’ ann,” thuirt iad.



“Fosglaidh mise an doras,”

ars am meann beag.

Ach chan e Mamaidh a bha ann.

’S e madadh-allaidh a bha ann.

“Cuidich sinn!” dh’èigh na minn

agus ruith iad an siud ’s an seo.



Choimhead am madadh-allaidh airson nam meann.

Choimhead e fon bhòrd.

Bha aon mheann beag an sin.

“Nis tha thu agam,” ars am madadh-allaidh.

Agus chuir e am meann beag dhan phoca.



Choimhead am madadh-allaidh anns a' ghleoc.

Bha meann beag an sin.

“Nis tha thu agam,” ars am madadh-allaidh.

Agus chuir e am meann sin dhan phoca.



Choimhead am madadh-allaidh suas an
similear.

Bha meann beag an sin.

“Nis tha thu agam,” ars am madadh-allaidh.

Agus chuir e am meann sin dhan phoca.



Thàinig Mamaidh Gobhar dhachaigh.

Chunnaic i am madadh-allaidh mòr,

ach cha robh i a' faicinn nam meann.

Leum i air a' mhadadh-allaidh.

“Cuidich mi!” dh'èigh am madadh-allaidh

agus theich e.



Leig Mamaidh na minn às a' phoca.

“Nach sinn tha toilichte gun tàinig sibh dhachaigh,” thuir na minn bheaga.

“Tha agus mise,” thuir Mamaidh Gobhar.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© James Riordan 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

99

00 01 02 03 10 9 8 7 6 5

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith ahen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhar seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha James Riordan a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clo-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 797 6